

# Gàidhlig am Fìobha Plana-leasachaidh na Gàidhlig 2019 - 2024

## Gaelic Language Plan

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrann 3 de dh'Àchd na Gàidhlig (Alba)  
2005 agus fon Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Completed in line with Section 3 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005  
and the Guidance on Preparing Gaelic Language Plans.





# Gàidhlig am Fìobha Gaelic Language Plan Plana-leasachaidh na Gàidhlig 2019 - 2024

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba)  
2005 agus fon Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig

Completed in line with Section 3 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005  
and the Guidance on Preparing Gaelic Language Plans.



<b>CLÀR-INNSE</b>	duilleag
<b>Ro-ràdh</b>	7
<b>Cùl-fhiosrachadh</b>	7
<b>Com-pàirteachadh</b>	8
<b>Prìomh Raointean</b>	9
<b>Cothroman don a h-Uile</b>	10
<b>Ceàrnaidhean nan Cinntinn</b>	13
<b>Fàs Ion-ghabhailta agus Dreuchdan</b>	17
<b>Seirbheisean fo Cheannardas na Coimhearsnachd</b>	19

<b>CONTENTS</b>	page
<b>Introduction</b>	23
<b>Background</b>	23
<b>Involvement</b>	24
<b>Priority Themes</b>	25
<b>Opportunities for All</b>	26
<b>Thriving Places</b>	29
<b>Inclusive Growth and Jobs</b>	32
<b>Community Led Services</b>	34



## Ath-dhùsgadh na Gàidhlig ann am Fìobha

Tha mise air mo dhòigh ghlain a chur fàilte oirbh chun a' Phlana ùir do Ghàidhlig aig Comhairle Fhìobha, anns am bi sinn a' clàrachadh ar dleasanais do leasachadh a' chàinain agus a chultair air feadh Fhìobha. Bu mhath leinn aithneachadh is cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh mar chànan tùsail Albannach aig a bheil freumhan domhainn ann an coimhearsnachdan Fhìobha.

Tha dualchas beairteach aig Gàidhlig agus a cultar ann am Fìobha. Tha an Cunntas-sluaigh bho 2011 a' sealltainn gu bheil mu thuaiream 5% de luchd-bruidhinn a' chàinain a' fuireach ann am Fìobha. Tha tòrr a bharrachd inbheach an sàs ann an ionnsachadh na Gàidhlig ann am Fìobha an taca ris an ìre nàiseanta, agus tha sinn a' leasachadh na tairgse againn sna sgoiltean cuideachd.

Tha an co-chomhairleachadh poblach a chùim sinn air a' phlana dhreachd againn air innse gu bheil an àireamh den fheadhainn aig a bheil Gàidhlig a tha a' tighinn a dh'fhuireach ann am Fìobha a' sìor-àrdachadh, agus bu mhiann leotha an sgilean càinain a chleachdadh is a leasachadh. Tha sinn ag amas air misneachd luchd-bruidhinn a' chàinain agus fasaid cleachdadh nan seirbheisean againn adhartachadh, agus bidh am plana seo a' toirt taic do bheatha shòisealta, chultarach is eaconamach a th' aig gach coimhearsnachd ann am Fìobha.

Tha fiughair mhòr againn ri cumail oirnn ag ath-dhùsgadh ùidh ann an Gàidhlig ann am Fìobha tro chom-pàirteachas ri coimhearsnachd Gàidhlig Fhìobha, Bòrd na Gàidhlig, agus ris na com-pàirtichean planadh sa choimhearsnachd againn.

**Comh. Judy Hamaltan**

**Neach-gairm, Comataidh Choimhearsnachdan agus nan Seirbheisean Taigheadais**

## Cùl-fhiosrachadh

Air sàilleabh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus an Stiùiridh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig, feumaidh Comhairle Fhìobha Plana Gàidhlig aice fhèin a chruthachadh agus a chur an gnìomh. Tha am Plana seo a' dearbhadh ar dleasanais ri co-ionannachd spèis eadar Gàidhlig is Beurla a stèidheachadh anns gach roinn a tha fo ar smachd is ar cùram. 'S e seo an dàrna Plana Càinain Gàidhlig againn agus tha e a' toirt a-steach nan dleasanais a bh' againn roimhe ann am Plana Càinain Gàidhlig do dh'Fhìobha 2015-2018, a chaidh cruthachadh fo Achd na Gàidhlig. Chan e plana a mhaireas còig bliadhna a-mhàin a tha sa phlana seo, ach 's e ar n-amas gum bi e na mhac-samhail air 'Plan 4 Fife'. Chaidh seo a dheanamh le dùil gun dearbhaich e an sealladh a th' againn gu bheil Gàidhlig na bhun-fheart de dhualchas, chruth-tìre, agus choimhearsnachdan ann am Fìobha. Tha Comhairle Fhìobha a' gealltainn co-ionannachd càinain a choileanadh tro na gnìomhan a tha sa Phlana seo, agus tro fhàthach gu h-èasgaidh ri goireasan agus seirbheisean dà-chànanach a thabhann air feadh na Rìoghachd.

Ged nach eil dualchas agus coimhearsnachd Gàidhealach cho follaiseach ann am Fìobha, an taca ri ceàrnaidhean eile de dh'Alba 's dòcha, thathas a' tuairmseachadh gu bheil mu 5% de luchd-bruidhinn na Gàidhlig a' fuireach ann am Fìobha a-nise; cha do bhreithnich mòran luchd-ionnsachaidh gur e luchd-bruidhinn a bh' anntasan ann an cunntas-sluaigh 2011, agus on àm ud tha àrdachadh mòr ann an uiread de tachartasan agus ionnsachadh na Gàidhlig ann am Fìobha air a bhith ann.

Airson tuilleadh cùl-fhiosrachaidh air Gàidhlig ann am Fìobha, tadhailibh air [fifedirect.org.uk](http://fifedirect.org.uk)

A bharrachd air dualchas agus eachdraidh, tha sinn ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na stòras don mhuinntir is eaconomaidh Fhìobhach, agus tha sinn cinnteach gur ann leis a' bheachd seo a bu chòir a bhith a' toirt aire air leasachadh na Gàidhlig – leis gum bi dìleab ann de cho-ionannachd agus de dh'ion-ghabhaltas san àm ri teachd.

## **Dè tha seo a' ciallachadh dhut, agus ciamar as urrainn dhutsa a bhith an sàs ann?**

'S ann fo cheannardas na coimhearsnachd a tha leasachadh na Gàidhlig ann am Fìobha. 'S e Buidheann-leasachaidh Gàidhlig Fhìobha agus prìomh luchd-ùidhe eile a thig còmhla gus prìomhachasan aontachadh, agus airson an feadhainn, aig a bheil an cànan no a tha ri ionnsachadh fhathast, a thoirt ri chèile. Tha cothrom daonnan ann do dhaoine eile a bhith an sàs ann an Leasachadh na Gàidhlig, agus bu mhath leinn suidheachadh cho furasta 's a ghabhas a chruthachadh dhaibhsan a thogras Gàidhlig a chur gu feum a h-uile latha.

- Buidheann-leasachaidh Gàidhlig Fhìobha
- Buidheann Com-pàirteachaidh Gàidhlig ann am Fìobha
- Buidhnean Phàrantaidh
- Co-chomhairleachadh Dìreach
- Clasaichean Gàidhlig
- Ionnsachadh san Teaghlach
- Bookbugs
- Buidhnean-còmhraidh
- Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
- Tachartasan sòisealta agus sa choimhearsnachd

## **Ciamar a dh'innseas sinn dhut mun adhartas a nì sinn?**

Bidh sinn a' foillseachadh aithisg eadar-amail sa Mhàrt gach bliadhna, a bhios na phàirt de rianachd na Comhairle a thaobh aithris co-ionannais. Bheir seo fiosrachadh seachad air:

- Mar a tha sinn ag obair a dh'ionnsaigh nan targaidean a nochdas san sgrìobhainn seo.
- Mar a tha sinn a' leasachadh com-pàirteachas ri coimhearsnachd na Gàidhlig ann am Fìobha.

'S ann air Ceannard nan Coimhearsnachdan a bhios an t-uallach mar phrìomh-oifigear-stiùiridh a thaobh marasgladh buadhach agus aithriseadh air euchd-mhiannan a' phlana, agus bheir e Ceannardan-seirbheis eile a dh'obair còmhla gus bacadh sam bith air soirbheachdainn a sheachdnadh. 'S e Obraiche Foghlaim sa Choimhearsnachd

(Gàidhlig) a bhios an dreuchd a dhèiligeas ris a' chuid as motha de dhaoine agus de bhuidhnean mu chùisean na Gàidhlig. 'S e [Gaelic.Development@Fife.gov.uk](mailto:Gaelic.Development@Fife.gov.uk) an t-aon seòladh chun an cuirear fios.

## Prìomh Raointean

San t-sealladh fharsaing seo, tha sinn air ceithir prìomh raointean aithneachadh, a bheir stiùireadh don obair againn air feadh nan còig bliadhna a tha romhainn. Is iadsan:

### Cothroman don a h-Uile

Nì Cothroman don a h-Uile cinnteach nach bi duine sam bith air a dhìochuimhneachadh. 'S e ar rùn gum faigh a uile duine air cothroman Gàidhlig: ann am foghlam, trèanadh, dreuchdan, san t-sòisealtas as leatha, agus air inntrigidh don chànan is don chultar a thaghas iad, airson taic a thoirt air beatha riarachaidh chòir.

### Ceàrnaidhean nan Cinntinn

Tha Gàidhlig a' cur ri Ceàrnaidhean nan Cinntinn a tha tèarainte, air an deagh dhealbhadh is chàrachadh, agus bidh iad ag adhartachadh soirbheis. 'S iadsan àitichean às am daoine moiteil a' fuireach annta, agus anns am faigh iad inntrigidh air na seirbheisean is na goireasan a dh'fheumas iad, aig diofar cheuman am beatha, tron chànan a thaghas iad. 'S e ar rùn gum bi Gàidhlig a' cur gu deimhinneach ris a' bhuintealas is an dùthchas a dh'fhairicheas daoine san fhairsaingeachd.

### Fàs Ion-ghabhailta agus Dreuchdan

Bu chòir do leasachadh san eaconomaidh ionadail buannachdan a chruthachadh don a h-uile, gun dearmaid air daoine no ceàrn. Le sin, bidh fòcas againn air piseach a thoirt air seilbheachd, air fàs, agus air com-pàirteachadh bho gnìomhachasan, dhaoine is choimhearsnachdan, gu sònraichte ann am Meadhan Fhìobha. Tha sinn ag amas air taic a thoirt do dh'fhastadh Gàidhealach agus do chothroman-obrach leis a' chànan, gus am fàs gnìomhachasan. Agus, nì sinn cinnteach gum bi buannachd ann do choimhearsnachdan an dà chuid bho sheilbheachd-ghnòthachais ùir agus bhon Ghàidhlig.

### Seirbheisean fo Cheannardas na Coimhearsnachd

'S e com-pàirteachadh choimhearsnachdan, agus an luchd-cleachdaidh stèidhichte aig cridhe na thèid a dhèanamh, a th' ann an Ceannardas na Coimhearsnachd. Le bhith a' libhrigeadh sheirbheisean anns an gabhar suim, bidh sinn gan dealbhadh a-rèir neartan agus stòras na luchd-obrach agus nan coimhearsnachdan. Bidh am plana seo na mhac-talla air modh-ghabhail fo cheannardas na coimhearsnachd a th' againn do Ghàidhlig ann am Fìobha mar-thà. Nithear fòcas air gnìomhan pragtaigeach beanailteach, air an libhrigeadh le seirbheisean aig ìre na coimhearsnachd, a chùim mòr-bhuannachd a thoirt dhi, agus a bhios so-sheasmhach san fhad-ùine.

## Cothroman don a h-Uile

Nì Cothroman don a h-Uile cinnteach nach bi duine sam bith air a dhìochuimhneachadh. 'S e ar rùn gum faigh a uile Fìobhach air cothroman Gàidhlig: ann am foghlam, trànachd, dreuchdan, san t-sòisealtas as leatha, agus air inntrigidh don chànan is don chultar a thaghas iad gus taic a thoirt air beatha riarachtaidhean.

### Rùn

Tha a h-uile duine ann am Fìobha a' tuigsinn gur ann le Fìobha fhèin a tha Gàidhlig, agus gun tèid aca air cothroman ionnsachaidh fhaighinn innte gun chlaon-bhreith a thaobh aois, sgìre, no suidheachadh eaconamach.

Tha Gàidhlig ga h-aithneachadh mar stòras agus ga brosnachadh ann am foghlam, ann am fastachd, is far a bi cothroman saor-thoileachais.

Fòcas	Piseach Dùilichte	Seirbheis Treòrachaidh	Gnìomhan Plana Cànan Gàidhlig 2019-24	Loidhne-ama
Gum bi fiosrachadh mu chothroman ionnsachadh na Gàidhlig soilleir, so-ruigsinneach, agus air adhartachadh air feadh Fhìobha.	Bidh ionnsachadh na Gàidhlig so-ruigsinneach don a h-uile ann am Fìobha.	Obraiche Foghlaim sa Choimhearsnachd (Gàidhlig)	Leasaichear is àrdaichear an t-uiread de dh'fhiosrachadh a bhios ann do choimhearsnachdan mu na cothroman is na buannachdan a dh'èireas an lùib ionnsachaidh.	Sam 2019
Gum bi taic ann do theaghlaichean a thogras FMG.	Foillsichear frèam-obrach mu iarrtasan FMG air làrach-lìn Comhairle Fhìobha.	Manaidsear Foghlaim (Cànan is Ionnsachadh).	Bidh fiosrachadh mu Foghlam tro Mheadhan Gàidhlig so-ruigsinneach gu furasta air làrach-lìn na Comhairle.  Cuirear an gnìomh agus foillsichear frèam-obrach soilleir mu iarrtasan FMG.	Dàm 2019  Dàm 2019
Gum bi solar Gàidhlig nan Tràth-Bhliadhnaichean air a stèidheachadh tro:	Bidh barrachd phàistean, òigridh, agus inbhich ag ionnsachadh Gàidhlig ann am Fìobha.	Manaidsear Foghlaim (Cànan is Ionnsachadh).	Stèidhichear solar Gàidhlig nan Tràth-Bhliadhnaichean tro sheiseanan Bookbug agus Kodaly ann an sgoiltean-àraich is ionadan ann am Fìobha, ann an com-pàirteachas ri prìomh bhuidhinn-ghnìomha is sheirbheisean.	Dùb 2019

Fòcas	Piseach Dùilichte	Seirbheis Treòrachaidh	Gnìomhan Plana Cànan Gàidhlig 2019-24	Loidhne-ama
<p>~ sheiseanan Book Bug ~ òrain Ghàidhlig le Kodaly, aig gach sgoil-àraich ann am Fìobha.</p> <p>Gun leasaichear aithneachadh air Gàidhlig is a dualchais ann an sgoiltean.</p>	<p>Bidh àireamh nan sgoiltean aig a bheil cothroman Gàidhlig air àrdachadh.</p> <p>Bidh greisean-ionnsachaidh mun Ghàidhlig is a cultar gam foillseachadh is gan tairgsinn do bhun-sgoiltean is àrd-sgoiltean.</p>	<p>Manaidsear Foghlaim (Cànan is Ionnsachadh).</p>	<p>Cuirear an gnìomh trèanadh luchd-obrach agus seiseanan aithneachaidh air reachdas na Gàidhlig, cothroman-trèanaidh, goireasan, agus na buannachdan a dh'èireas an lùib ionnsachaidh a' chànain agus FMG.</p> <p>Lùghdaichear tro chom-pàirteachas na bacaidhean ro sgoiltean ri bhith a' tòiseachadh air ionnsachadh na Gàidhlig agus bheirear taic do shlighean-adhartais eadar spectraman-ionnsachaidh.</p> <p>Tairgsear greisean-ionnsachaidh mun Ghàidhlig is a cultar do sgoiltean.</p>	<p>Màr 2020</p> <p>Leantainneach</p>
<p>Gun leasaichear inntrigidh air ionnsachadh na Gàidhlig aig Inbhich agus an adhartas gu fileantachd ann an suidheachaidhean sa choimhearsnachd.</p>	<p>Bidh fios aig coimhearsnachdan ann am Fìobha air ionnsachadh na Gàidhlig agus na buannachdan a dh'èireas an lùib ionnsachaidh.</p> <p>Bidh barrachd inbheach a' tòiseachadh air ionnsachadh na Gàidhlig agus a' ruigsinn fileantachd.</p>	<p>Obraiche Foghlaim sa Choimhearsnachd (Gàidhlig).</p>	<p>Cruthaichear agus cuirear an gnìomh fiosrachadh soilleir mu na buannachdan do dh'inbhich a dh'èireas bho ionnsachadh, agus mu shlighean-ionnsachaidh, agus mu fhileantachd.</p> <p>Àrdaichear àireamh nan oidean Gàidhlig ann am Fìobha ann an com-pàirteachas ri Buidheann-leasachaidh Gàidhlig Fhìobha.</p> <p>Àrdaichear cothroman ionnsachaidh le slighean-adhartais soilleir air feadh Fhìobha ann an com-pàirteachas ri Buidheann-leasachaidh Gàidhlig Fhìobha, agus ri Cleachdadh Sgoiltean leis a' Choimhearsnachd.</p> <p>Cruthaichear stuthan-teagaisg is ionnsachaidh a fhreagras caochladh dhòighean-ionnsachaidh.</p>	<p>Dàm 2019</p> <p>Dàm 2021</p> <p>Màr 2024</p> <p>Màr 2022</p>

Fòcas	Piseach Dùilichte	Seirbheis Treòrachaidh	Gnìomhan Plana Cànan Gàidhlig 2019-24	Loidhne-ama
	<p>Bidh barrachd inbheach a' tòiseachadh air obair shaor-thoilich sa Ghàidhlig ann am Fìobha.</p>		<p>Àrdaichear àireamh nam buidhnean-còmhraidh sa choimhearsnachd agus na cothroman ri taic a thoirt do dh'adhartas ionnsachadh inbheach ann an com-pàirteachas ri Buidheann-leasachaidh Gàidhlig Fhìobha.</p> <p>Àrdaichear na cothroman a th' aig daoine ri an cuid Ghàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean sòisealta ann an com-pàirteachas ri Buidheann-leasachaidh Gàidhlig Fhìobha.</p> <p>Nìthear aithne air na cothroman air feadh Fhìobha a dh'fhaodadh a bhith ann airson obair shaor-thoilich còmhla ri Buidheann-leasachaidh Gàidhlig Fhìobha.</p> <p>Adhartaichear an ìre tòiseachaidh air pàirteachadh ann an obair shaor-thoilich, agus cuirear cuideam air buannachdan na Gàidhlig don roinn shaor-thoilich, agus air na buannachdan a dh'èireas aiste air leasachadh sgilean sa chànan.</p>	<p>Màr 2024</p> <p>Màr 2020</p> <p>Dàm 2020</p>

## Ceàrnaidhean nan Cinntinn

Tha Ceàrnaidhean nan Cinntinn tèarainte, air an deagh dhealbhadh is chàrachadh, agus bidh iad ag adhartachadh soirbheis. Bidh daoine moiteil à fuireach annta, agus gheibh iadsan inntigridh air na seirbheisean is na goireasan a dh'fheumas iad aig diofar cheuman am beatha.

### Rùn

Coinnichidh coimhearsnachdan ann am Fìobha ri Gàidhlig ann an sreath farsaing de chothroman na h-àrd-chàileachd air a' bhlàr a-muigh, agus anns na raointean cultair is chur-seachadan.

Fòcas	Piseach Dùilichte	Seirbheis Treòrachaidh	Gnìomhan Plana Cànan Gàidhlig 2019-24	Loidhne-ama
Gun àrdaichear cothroman sa Ghàidhlig slighe Urras a' Chultair is nan Leabharlann.	Bidh Gàidhlig so-ruigheachd ann an leabharlann gu farsaing.  Tachraidh taisbeantasan agus òcaidean Gàidhlig ann am Fìobha.  Bidh Gàidhlig am fradharc ann an gailearaidhean is taighean-tasgaidh ann am Fìobha.	ONFife.	Bidh trèanadh nan treòraichean Book Bug a' toirt a-steach pràbardaich de Ghàidhlig airson aire a tharraing gu adhbhar a' chànain ann am Fìobha, agus gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an seiseanan dhanagan is òran.	Leantainneach
			Bidh trèanadh sònraichte ann do dhaoine airson seiseanan Bookbug sa Ghàidhlig a chumail mar phàirt de thrèanadh nan treòraichean Book Bug.	Leantainneach
			Àrdaichear àireamh nan leabhraichean rim faighinn ann an co-chruinneachaidhean Gàidhlig ann am Fìobha, agus foillsichear seo do luchd-cleachdaidh a' chànain.	Ògm 2019
			Lorgar is adhartachear taisbeantasan aig a bheil fòcas Gàidhlig.	Leantainneach
			Àrdaichear an t-uiread de Ghàidhlig a nochdas ann an taighean-tasgaidh is gailearaidhean ann am Fìobha.	Leantainneach
			Àrdaichear an t-uiread de shoidhneadh sa Ghàidhlig ann an Leabharlann is toglaichean Urras a' Chultair.	

Fòcas	Piseach Dùilichte	Seirbheis Treòrachaidh	Gnìomhan Plana Cànan Gàidhlig 2019-24	Loidhne-ama
			Dìreach an-dràsta, chan eil soidhneadh no càil sa Ghàidhlig ann an gin de na Taighean-tasgaidh/ Gailearaidhean/ Leabharlainn; agus le sin, gus an dèanar cinnteach gu bheil cleachdaidhean so-sheasmhach air dòigh, chan iarr an toiseach-thòiseachaidh seo ach ùine agus oibreachadh com-pàirteach sa chiad dol a-mach. Thathas an dùil gum bi tuilleadh leasachaidh le ceudadan sa phlana 2025/2030.	
Gun àrdaichear cleachdadh na Gàidhlig ann an Coimhearsnachdan.	Gabhaidh Gàidhlig a chleachdadh air feadh Fhìobha ann an sreath farsaing de shuidheachaidhean sòisealta is sa choimhearsnachd.	Obraiche Foghlaim sa Choimhearsnachd (Gàidhlig).	Stèidhichear clubaichean cloinne ann an nàbachdan sònraichte a thairgeas sreath farsaing de thachartasan do chloinn.  Stèidhichear gnìomhachasan ionnsachaidh do Theaghlaichean air feadh Fhìobha mar phàirt de phrògraman ionnsachaidh do dh'inbhich sa choimhearsnachd.  Aontaichear is libhrigear Priob-Ghàidhealteachd ann an caochadh shuidheachaidhean is àitichean.	Dàm 2020  Dàm 2019  Màr 2022
Gum bi tachartasan Gàidhlig fosgailte do mhuintir Fhìobha air fad.	Bidh barrachd chothroman ann ri ceòl traidiseanta is òrain ionnsachadh.  Bidh barrachd chothroman ann ri spòrs	Iomairt-ciùil an Òigridh.  Cluba Camanachd Obar Dhoibhair	Àrdaichear an t-uiread de chothroman ri bhith an sàs ann an ceòl traidiseanta is òrain.  Àrdaichear inntigeadh air oideachadh ann an ceòl traidiseanta is òrain.  Stèidhichear Fèis ann am Fìobha.  Àrdaichear àireamh nam Fèillean (làithean thachartasan-coimhearsnachd tro Ghàidhlig).  Àrdaichear an t-uiread de chothroman, a bhios ann do luchd-ciùil traidiseanta, an cuid sgìlean a thaisbeanadh ann am Fìobha.  Àrdaichear àireamh de sheiseanan-blasad na camanachd ann an com-pàirteachas ri prìomh bhuidhnean.	Màr 2020  Leantainneach  Leantainneach  Leantainneach  Dàm 2019

Fòcas	Piseach Dùilichte	Seirbheis Treòrachaidh	Gnìomhan Plana Cànan Gàidhlig 2019-24	Loidhne-ama
	<p>a dhèanamh ann an Gàidhlig.</p> <p>Bidh mothachadh ga àrdachadh mu phrògraman nan ealainean Gàidhlig ann am Fìobha.</p>	<p>Manaidsear an Sgioba (Active Fife).</p> <p>ONFife.</p>	<p>Brosnaichear camanachd mar spòrs ann am Fìobha.</p> <p>Libhrigear seiseanan-blasad <i>Gàidhlig ann an Spòrs ('Gaelic for sport')</i> gu cunbhalach.</p> <p>Àrdaichear ìomhaigh na Gàidhlig ann an tachartasan nan ealainean is cultair. Bheirear seo gu buil tro chothroman com-pàirteachais a bharrachd a lorg còmhla ri Oifigear nan Ealainean Gàidhlig bho Bhòrd na Gàidhlig/ Alba Chruthachail, agus le buidhnean nàiseanta eile fo stiùireadh an ùghdarrais.</p>	<p>Dàm 2021</p> <p>Dàm 2020</p>
Dualchas agus Cruth-tìre.	<p>Bidh mothachadh ga àrdachadh ann an dualchas na Gàidhlig ann am Fìobha.</p> <p>Bidh cuideam ga chur air na ceanglaichean Gàidhlig chun na cruth-tìre is chun na h-àrainneachd.</p>	<p>Eaconamaidh, Turasachd agus Meadhanan Bhailtean.</p> <p>Urras na h-Oirthir is na Dùthcha.</p> <p>Buidheann-leasachaidh Pàirc Silverburn.</p>	<p>Libhrigear seiseanan-blasad <i>'Gaelic in the Landscape'</i> (Gàidhlig sa Chruth-tìre).</p> <p>Àrdaichear na cothroman a bhios ann a choinneachadh ri Gàidhlig aig àitichean eachdraidheil ann am Fìobha, agus leasaichear ìomhaigh na Gàidhlig aig àitichean dualchasach air feadh Fhìobha.</p> <p>Libhrigear seiseanan-blasad air an cuimseachadh ri buidhnean aig a bheil ùidh ann an Dualchas.</p> <p>Àrdaichear na cothroman a bhios ann a choinneachadh ri Gàidhlig tro ghnìomhachasan air a' bhlàr a-muigh, ann an com-pàirteachas ri Urras na h-Oirthir is na Dùthcha.</p> <p>Àrdaichear an tricead a chìtear is a chluinnear Gàidhlig air a' bhlàr a-muigh.</p>	<p>Dàm 2019</p> <p>Màr 2024</p> <p>Màr 2020</p> <p>Dàm 2020</p> <p>Màr 2024</p>
Gur urrainn do Sheann Daoine agus do dh'Inbhich So-leònte an cuid	Bidh cleachdadh na Gàidhlig aig seann daoine ga aithneachadh is ga fhurastachadh air feadh	Seirbheisean Obrach-sòisealta do dh'Inbhich.	Nithear aithne air luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, a thathas a' faighinn taice an-dràsta, slighe nan seirbheisean sòisealta is cùraim.	Dàm 2019

Fòcas	Piseach Dùilichte	Seirbheis Treòrachaidh	Gnìomhan Plana Cànan Gàidhlig 2019-24	Loidhne-ama
Gàidhlig a chur gu feum air feadh Fhìobha.	sreath de shuidheachaidhean.  Bidh Inbhich aig a bheil Gàidhlig a' faighinn taice ri a cleachdadh ann an sreath farsaing de shuidheachaidhean.		Nithear aithne air luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus air an fheadhainn a dh'fhaodadh a h-ionnsachadh ann an sreath de dhreuchdan ann an seirbheisean sòisealta is cùraim.	Màr 2023
			Stèidhichear cothroman do shaor-thoilich gus an lùghdaichear aonaranachd shòisealta air sàilleibh cànan, agus cruthaichear frèam-obrach airson cànan is cultar a thoirt seachad.	Màr 2020
			Àrdaichear an tricead a chìtear is a chluinnear Gàidhlig ann an sreath de shuidheachaidhean cùraim. Cleachdar meadhanan didseatach ri naidheachdan is òran a chlàradh, is ri leabhraichean-mhìr a chruthachadh, etc.	Màr 2020
			Nithear 'Moments in Time' freagarrach do shuidheachaidhean cùraim, anns am bi dealbhan, òrain, naidheachdan, agus ceòl.	Màr 2020
			Leasaichear aithne air cleachdadh na Gàidhlig ann an sreath de sheirbheisean cùraim.	Dàm 2019
			Bheirear taic do sheann luchd-bruidhinn ri pàirt a ghabhail ann coimhearsnachd na Gàidhlig is ann an tachartasan.	Màr 2020
			Tairgsear buidhnean-còmhraidh treòraichte do sheann daoine gus crìonadh-cànain a sheachnadh agus còmhradh a bhrosnachadh, far an gabh seo a dhèanamh.	Màr 2020

## Fàs Ion-ghabhailta agus Dreuchdan

Bu chòir do leasachadh san eaconomaidh ionadail buannachdan a chruthachadh don a h-uile, gun dearmaid air daoine no ceàrn. Le sin, bidh fòcas againn air piseach a thoirt air seilbheachd, air fàs, agus air com-pàirteachadh bho ghnìomhachasan, dhaoine is choimhearsnachdan, gu sònraichte ann am Meadhan Fhìobha. Tha sinn ag amas air taic a thoirt do ghnìomhachasan, agus ri bhith cinnteach gum bi buannachd ann do choimhearsnachdan bho sheilbheachd-ghnothachais ùir.

### Rùn

Gum bi àrdachadh ann an àireamh luchd-turais agus na chosgais iad ann am Fìobha air sàilleibh thachartasan cultarach Gàidhlig.

Gum bi ghnìomhachas eaconamach agus cothroman fastaidh do luchd-labhairt na Gàidhlig gan leasachadh nas luaithe na tha a' tachairt ann an còrr de dh'Alba.

Fòcas	Piseach Dùilichte	Seirbheis Treòrachaidh	Gnìomhan Plana Cànan Gàidhlig 2019-24	Loidhne-ama
Gun leasaichear ghnìomhachasan is gnothachasan Gàidhlig air feadh Fhìobha.	Bidh ghnìomhachasan is gnothachasan a bhios a' toirt taic do Ghàidhlig gan aithneachadh is gan comharrachadh.  Bidh Gàidhlig ga measadh na h-eumhais le ghnìomhachasan is gnothachasan.	Seirbheisean na h-Eaconomaidh, So-fhastachd, is an Dealbhachaidh.	Nithear aithne air ghnìomhachasan Gàidhlig ann am Fìobha.  Àrdaichear am meud de dh'fhiosrachadh mu Ghàidhlig ann am Fìobha, a' toirt a-steach na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann do ghnìomhachasan is ghnothachas a thaobh teachd a-steach, etc.  Àrdaichear adhartachadh nan ghnìomhachasan is nan gnothachasan ann am Fìobha.  Adhartaichear air feadh Alba ghnìomhachasan is gnothachasan Fìobhach, a tha a' toirt taice do Ghàidhlig, tro cheanglaichean freagarrach do bhuidhnean is bhuidhninn-ghnìomha aig an ìre nàiseanta.	Màr 2020  Dàm 2020  Dàm 2020  Màr 2024
Gun stèidhichear Gàidhlig na h-eumhais do leasachadh na feachd-obrach agus do Leasachadh	Bidh buannachdan na Gàidhlig don fheachd-obrach air am mìneachadh gu soilleir.	Seirbheisean na h-Eaconomaidh, So-fhastachd, is an Dealbhachaidh.	Àrdaichear an t-uiread de dh'fhiosrachadh is dh'aithneachadh mu na buannachdan san fharsaingeachd a dh'èireas air sàilleibh Gàidhlig san àite-obrach, agus do dh'fhastaichean a bheir taic do Ghàidhlig.	Màr 2021

Fòcas	Piseach Dùilichte	Seirbheis Treòrachaidh	Gnìomhan Plana Cànan Gàidhlig 2019-24	Loidhne-ama
Proifeiseanta Leantainneach am measg na Feachd-obrach.	Bidh na slighean gu ionnsachadh na Gàidhlig gan soilleireachadh is nas so-ruigsinniche do dh'fhastaichean.		Gabhar rannsachaidhean-cùise os làimh gus Modail Fìobhach air fastachadh Gàidhlig a stèidheachadh.  Àrdaichear an t-uiread de dh'fhiosrachadh mu shlighean do dh'ionnsachadh na Gàidhlig, is mu ìrean-cleachdaidh cànan a bhios freagarrach do dh'fhastaichean.  Tabhainnear trèanadh sònraichte sa Ghàidhlig do dh'fhastaichean ionadail mar phàirt den iomairt 'Gàidhlig ga Cur'.	Màr 2022  Màr 2021  Màr 2024
Gun coisinnear buannachd nas motha à stòras na h-àrainneachd Fìobhach agus às an dualchas eachdraidheil is chultarach gus piseach a thoirt air cothroman do luchd-tadhail fad na bliadhna.	Bidh turasachd na Gàidhlig air a h-aithneachadh is a branndadh gu soilleir.  Bidh Fìobha tè de na prìomh chinn-uidhe do luchd-tadhail is luchd-turais a thogras dibhearsan sa Ghàidhlig.  Bidh Fìobha ga h-ainmeachadh ann an sanasachd thurasach mun chànan agus mun chultar Ghàidhealach aig an ìre nàiseanta.  Bidh dualchas na Gàidhlig ann am Fìobha furasta a choinneachadh ris.	Eaconamaidh, Turasachd agus Meadhanan Bhailtean	Cruthaichear branndadh soilleir mu thurasachd na Gàidhlig ann am Fìobha tro chom-pàirteachas ri buidhninn is buidhninn-ghnìomha iomchaidh.  Adhartaichear Gàidhlig air feadh ionadan-turasachd agus àitichean-dualchais ann am Fìobha.  Nithear obair còmhla ri com-pàirtichean gus cothroman sa Ghàidhlig a stèidheachadh, agus airson 's gun tèid aig a' mhòr-shluagh ri bhith an sàs aig na prìomh làraich eachdraidheil, agus anns na ghabhas dèanamh annta.  Adhartaichear Gàidhlig ann am Fìobha mar phàirt de thurasachd nàiseanta sa Ghàidhlig.  Nithear obair còmhla ri com-pàirtichean gus ceanglaichean soilleir a stèidheachadh eadar Gàidhlig agus stòras an nàdair, gu sònraichte tro ainmean-àite Fhìobha agus Shlighe nan Taistealach.	Màr 2020  Leantainneach  Màr 2020  Màr 2021  Leantainneach

## Seirbheisean fo Cheannardas na Coimhearsnachd

'S e com-pàirteachadh choimhearsnachdan, agus an luchd-cleachdaidh stèidhichte aig cridhe na thèid a dhèanamh, a th' ann an Ceannardas na Coimhearsnachd. Le bhith a' libhrigeadh sheirbheisean anns an gabhar suim, bidh sinn gan dealbhachadh a-rèir neartan agus stòras na luchd-obrach agus nan coimhearsnachdan.

### Rùn

Gum bi coimhearsnachdan agus daoine fa-leth le Gàidhlig ann am Fìobha an sàs aig ìre nas àirde ann an co-dhùnaidhean ionadail, agus ann am planadh nan seirbheisean san sgìre aca fhèin.

Fòcas	Piseach Dùilichte	Seirbheis Treòrachaidh	Gnìomhan Plana Cànan Gàidhlig 2019-24	Loidhne-ama
Leasachadh na Feachd-obrach	<p>Bidh Seirbheisean na Comhairle ag aithneachadh Gàidhlig ann am Fìobha agus an dleastanas a dh'èireas do libhrigeadh nan seirbheisean fa-leth aca.</p> <p>Bidh àireamh na luchd-obrach a chleachdas Gàidhlig gu misneachdail ag àrdachadh air feadh sheirbheisean Comhairle Fhìobha.</p>	<p>Goireasan Daonna.</p> <p>Obraiche Foghlaim sa Choimhearsnachd (Gàidhlig).</p>	<p>Àrdaichear aithneachadh na Gàidhlig air feadh sheirbheisean Comhairle Fhìobha.</p> <p>Nithear ion-sgrùdaidh air luchd-obrach na Comhairle aig a bheil ìre sam bith de Ghàidhlig mar-thà.</p> <p>Libhrigear seiseanan-blasad is ionnsachaidh, a bhios air am freagarrachadh ris an iomairt 'Gàidhlig ga Cur'.</p> <p>Bheirear aithne air luchd-bruidhinn na Gàidhlig le comas sam bith; bidh seo ga dhèanamh nuair a thòisicheas an cùmhnant-obrach gus am bi fiosrachadh làithreach ann mu sgilean Gàidhlig luchd-obrach na Comhairle, agus bidh seo ga shìor-ùrachadh.</p> <p>Brosnaichear Gàidhlig mar chothrom Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach ann an Comhairle Fhìobha.</p> <p>Stèidhichear aithneachadh na Gàidhlig mar phàirt den trèanadh inntigidh.</p> <p>Àrdaichear na cothroman ri ionnsachadh na Gàidhlig a bhios ann do luchd-obrach na Comhairle.</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Màr 2020</p> <p>Màr 2022</p> <p>Màr 2020</p> <p>Màr 2021</p> <p>Màr 2020</p> <p>Dàm 2019</p>

Fòcas	Piseach Dùilichte	Seirbheis Treòrachaidh	Gnìomhan Plana Cànan Gàidhlig 2019-24	Loidhne-ama
			<p>Cruthaichear lìonra de <i>churaidhean</i> le Gàidhlig air feadh a h-uile seirbheis, gus Gàidhlig a bhrosnachadh aig ìre-lìbhrigidh nan seirbheisean.</p> <p>Adhartaichear seiseanan neo-fhoirmeil am measg na luchd-obrach, m.e. àm-lòin le Gàidhlig.</p> <p>Leasaichear mòideal ionnsachaidh air loidhne air Aithneachadh na Gàidhlig, ann an com-pàirteachas ri Caidreachas CLD (Leasachadh is Ionnsachadh sa Choimhearsnachd) Thaobh Tatha is Fhìobha.</p>	Màr 2020
Dearbh-aithne chorporra.	<p>Bidh Gàidhlig ga h-aithneachadh na taobh de bheatha ann am Fìobha.</p> <p>Bidh an tricead a chìthear is a chluinnear Gàidhlig ann an toglaichean na Comhairle ga h-àrdachadh.</p>	<p>Conaltradh agus Margaideachd.</p> <p>Manaidsearachd Mhaoinean.</p> <p>Obraiche Foghlaim sa Choimhearsnachd (Gàidhlig).</p>	<p>Sanasaichear is stèidichear suaicheantas na Comhairle, air am bi eadar-theangachadh Gàidhlig, air feadh na Comhairle gu tur, airson is gun taisbeanar spèis cho-ionnan ri Gàidhlig is Beurla.</p> <p>Bithear a' toirt a-steach Gàidhlig air làrach-lìn na Comhairle air feadh beatha a' Phlana.</p> <p>Bithear a' toirt a-steach Gàidhlig air foirmichean, modhan-obrach, foillseachaidhean, trusadh luchd-obrach, agus sanasachadh.</p> <p>Sanasaichear is furastaichear seirbheisean an eadar-theangachaidh is mìneachaidh. 'S e Gnàthachas Litreach na Gàidhlig (GOC) agus ainmean-àite Fìobhach sa Ghàidhlig a chleachdar. Ma shirear eadar-theangachaidhean ùra, iarraidh sinn comhairle air Ainmean-àite na h-Alba, agus air eòlaichean sònraichte eile a-rèir cuspair, gus am bi eadar-theangachaidhean gam barantachadh aig an ìre fhreagarraich.</p> <p>Cruthaichear stuthan-sanasachaidh mu Ghàidhlig le Comhairle Fhìobha, leithid phrìob-bhrataichean, agus cuirear gu feum sgrìnichean LCD ann an toglaichean na Comhairle.</p>	<p>Gea 2020</p> <p>Dàm 2019</p> <p>Gib 2022</p> <p>Dàm 2019</p>

Fòcas	Piseach Dùilichte	Seirbheis Treòrachaidh	Gnìomhan Plana Cànan Gàidhlig 2019-24	Loidhne-ama
